MUSIC - UNIVERSITY OF TORONTO
3 1761 03491 7328

M
1746
M25S53
1913

UNIVERSITY OF TORONTO
VELUT ARBOR ÆVO

*From the Library*

*of*

PÁDRAIG Ó BROIN

# AN·SMEÒRACH



·FO·LÀIMH·

ALUM·MHIC·PHÀRLAIN

AIR·A·CHUR·AM·MACH·LE

AONGHAS·MAC·AOIDH

STRUIBHLE

PRICE - SIXPENCE

# PREFACE

Our purpose in publishing An Smeórach is to place in the hands of the Gaelic public a representative selection of Gaelic Songs in two-part harmony, suitable principally for the exercising of the young in the schools of the Highlands, but equally well adapted for use by mature singers; and to meet a demand which has grown up within a year or two, we have included a more than proportionate share of Action Songs.

M
1746
M25S53
1913

## CLÀR-INNSIDH

| | Aireamh. |
|---|---|
| Agus hó Mhórag ... ... | 1 |
| Agus ó théid i ... ... ... | 10 |
| Air fal al al ó ... ... ... | 16 |
| An t-àilleagan ... ... ... | 18 |
| An t-Eilean Muileach ... | 23 |
| Ba hó, mo leanabh ... ... | 8 |
| C' àit'an caidil an rìbhinn ? | 12 |
| Cead deireannach nam beann | 19 |
| Chì mi 'm bàta ... ... ... | 5 |
| Clann nan Gaidheal ... ... | 11 |
| Cumha na h-òighe ... ... | 9 |
| Gu'm bu slàn do na gillean | 4 |
| Gur trom, trom a tà mi ... | 24 |
| Hug ó laithill ohoro ... ... | 6 |
| I hù o, leiginn ... ... ... | 25 |
| Mac Griogair o Ruadhshruth | 2 |
| Nunn do Mhuile ... ... ... | 22 |
| Ochòin mo chailin ... ... | 20 |
| Oran Chloinn Lachlainn ... | 17 |
| O, till, a leannain ! ... ... | 7 |
| Ri taobh na tràigh ... ... | 21 |
| Tàladh ... ... ... ... ... | 13 |
| Thàinig an gille dubh ... | 14 |
| Tha m' fhearann saibhir ... | 3 |
| Théid mi g'ad amharc ... | 15 |

# AN SMEÒRACH.

## 1 AGUS HÓ MHÓRAG.

GLEUS B*b*. RANN. *Le Mac Mhaighstir Alasdair.*

| d .,d : d .,d | d .d : d .,d | $l_1$ .,$l_1$ : $l_1$ .,d | r .,r : r ,m.- ||

Mhórag chiatach a' chuil dualaich, 'S e do luaidh a tha air m' aire.

SEIS.

| r .d : r | m .,r : d . | m : m .,m |
| $l_1$ .$l_1$ : $l_1$ | $s_1$ .,$se_1$ : $l_1$ . | d : d .,d |
| $f_1$ .$f_1$ : $f_1$ | $m_1$.,$m_1$ : $m_1$. | $s_1$ : $se_1$.,$l_1$ |

Agus hó, Mhór - ag; Hó ró 's na

| r .,d : $l_1$ ,$s_1$ .- | $l_1$ ,d .-: r | m .,r : d . ||
| $l_1$ .,$l_1$ : $m_1$,$m_1$ | $f_1$ ,$l_1$ .-: $l_1$ | d .,$s_1$ : $s_1$ , ||
| $f_1$ .,$f_1$ : $d_1$ ,$d_1$ .- | $d_1$ ,$f_1$ .-: $fe_1$ | $s_1$ .,$f_1$ : $m_1$. ||

hó ro gheallaidh; Agus hó, Mhór - ag.

Ged a dh' imich thu thar chuan uainn,
Gu ma luath a thig thu thairis.

Cuimhnich: thoir leat bannal ghruagach
'Luaidheas an clò ruadh gu daingeann.

'S iomadh leannan a th' aig Móraig
Eadar Mòr-thìr agus Arrainn.

'S iomadh gaisgeach deas de Ghaidheal
Nach obadh le mo ghràdh-sa tarruing.

'S iomadh àrmunn làsdail, treubhach,
Dh' éireadh leat a réir mo bharail.

Chunnartaicheadh dol an òrdugh
Thoirt do chòrach mach a dh' aindeoin.

Ri! Bu ra-mhath 'san luath-làimh iad
Nuair a thàirneadh iad an lannan.

GLEUS *Ab.* SEIS.

{: s,.l, | d : d : r | m : s, : s,.l, | d : d : r | m : s, }
{: s,.f, | m, : m, : f, | s, : s, : s,.f, | m, : m, : f, | s, : s, }
Tha mulad, tha mulad, Tha mulad 'gam lìonadh;

FINE.

{: s, | m : l : s.m | r : d : d.l, | s, : m, : s, | l, : d ||
{: s, | s, : d : d | se, : l, : f, | m, : m, : m, | f, : m, ||
Tha mulad bochd truagh orm Nach dual domh choidhch' dhìreadh;

RANN.

{: s,.l, | d : d : r | m : s, : s,.l, | d : d : r | m : s, }
{: s,.f, | m, : m, : f, | s, : s, : s,.f, | m, : m, : f, | s, : s, }
Mu Mhac Griogair o Ruadh-shruth D'am bu dual bhi 'n Gleann Lìobhann;

D.C.

{: s,.s, | m : l : s.m | r : d : d.l, | s, : m, : s, | l, : l, ||
{: s,.s, | s, : d : d | se, : l, : f,.f, | m, : m, : m, | f, : f, ||
Mu Mhac Griogair nam bratach D'am bu tart - ar - ach pìoban.

LIBRARY
7 JUL 1978
UNIVERSITY OF TORONTO

2 'Gam bu shuaicheantas giubhas
Ri bruthach 'ga dhìreadh;
Crann caol air dheagh locradh,
'S ite dhosrach an fhìreoin.
Crann caol air dheagh shnaidheadh,
Cuid a dh' aighear mhic rìgh e,
An làimh dheagh Mhic Mhuirich
'Ga chumail réidh, dìreach.

3 Ged a bhuail e mi, 'm bà-laoch,
'Gam ghearan cha bhì mi;
Ged a dhean iad orm eucoir,
A Thi féin! có ni dìoladh?
'S luchd gabhail mo leisgeil
Anns a' chaibeal so shìos uam—
Luchd a sheasamh mo chòrach—
'S e mo leòn iad bhi dhìth orm.

4 Ort a bheirinnse comhairle,
Na 'n gabhadh tu dhìom e:
Nuair a théid thu 'n tigh-òsda,
Na òl ann ach aon deoch;
Gabh do dhrama 'nad sheasamh,
'S bi freasdal mu d' dhaoine;
Na dean diùthadh mu d' shoitheach:
Gabh an ladar no 'n taoman.

5 Dean am foghar de 'n gheamhradh;
Dean an samhradh de 'n fhaoiltich;
Dean do leabaidh 's na creagan,
'S na caidil ach aotrom;
Ge h-ainneamh an fheòrag,
Gheibhear seòl air a faotainn,
Ge h-uasal an t-seabhag,
'S tric a ghabhar le foill i.

# THA M' FHEARANN SAIBHIR.

GLEUS B*b*. SEIS. *Le Mac Mhaighstir Alasdair.*

| , s, | l, , l, .- : d ., d | r ., d : l, ., l, | f ., f : m . |
| , m, | m, , m, .- : l, ., l, | se, ., l, : f, ., f, | l, ., t, : d . |
Tha m' fhearann saibhir hù a hó; Ho rì ho ró

| , r | d ., l, : s, ., s, | l, , l, .- : d ., d | r ., d : l, . ||
| , se, | l, ., f, : m, ., m, | m, , m, : l, ., l, | se, ., l, : m, ||
na 'm b' àill leibh e; Tha m' fhearann saibhir hù a hó.

RANN.

| l, ., l, : d ., d | r ., d : l, ., l, | l, , f .- : m ., r | d ., l, : s, . ||
Gur neo - aoibheil turus Faoiltich, Ged bhiodh daoine tàbhachdach.

An fhairge mholach, bhronnach, torach,
Giobach, corrach, ràpalach.

An fhairge phaiteach 's a beul farsuinn
Agus acras àraidh oirr'.

Neòil a' gealladh oidhche shalaich,
Gun aon chala sàbhailte.

Dùbhradh dorcha gun dad gealaich;
Oirthir aineol, àrd-chreagach.

Gaoth a' séideadh, muir ag éirigh,
'S fear ag éigheach àrd-ghuthach.

Chuir sinn mach na cliathan rìghne,
Is bu ghrinn an t-àlach iad.

Shuidh orr' ochdnar shonna trom
A sgoilteadh tonnan stàplainneach.

Heig air chnagan, hùg air mhaidean,
'S cogull bhac air àbranan.

Iad ag obair às an léintean,
Hùg is heig 'ga ràdhainn ac'.

Gallain chiatach, leobhar-liaghach,
Fuirbidh, dian 'gan sàrachadh.

Choidhch' cha mheataicheadh am misneach:
Na fir sgibidh, tàbhachdach.

GLEUS E♭. RANN.

{: r .,r | f .,s : l | d'.l : s .l | s .m : r | d : r .m ||

Gu 'm bu slàn do na gillean Thug an linne mu thuath orra;

SEIS.

| d' : l ,s.- | d : r .,m | d' : l ,s.- |

| d : f ,m.- | d : $t_1$ .,d | d : d ,d.- |

Ha-o rithill à hó; Na hì rithill

| d : r .,m | d' : l , s .- | d : r | ||

| $l_1$ : $se_1$ .,$se_1$ | $l_1$ : d , d .- | d : $s_1$ | ||

éil - e; 'S na hì rithill à hó.

Anns a' bhàta dhuibh dharaich;
'S ro-mhath ghearradh i 'm fuaradh.

Ce b' e rachadh g' an tilleadh,
Bhiodh an iomairt glé chruaidh orra.

Bhiodh leus air am basan
Agus lasan 'nan gruaidhean.

Bha Eóghan is Ailean
Agus Alasdair ruadh ann.

Bha Eóghan Mac Phàruig,
Cùl fàinneach nan dual, ann.

Dé ma chaidh do bhàthadh,
Bu mhath 'n snàmhaiche cuain thu.

'S math a shnàmhadh tu 'n linne
Eadar Muile is Suaineart.

Och nan och, mar a tha mi,
'S mi air àirigh 'n Gleann-cuaiche!

Tha mise 'gam leònadh,
'S gun mi chòir mo chuid shluaigh-se.

## 5 CHI MI 'M BÀTA.

GLEUS F. SEIS.

FINE.

| m .,r : r .d ,d | s .l ,t : d'.l ,s | m .,r : m .r ,d | $l_1$.$s_1$, $l_1$ : d ||

| d .,$s_1$ : $se_1$.$l_1$,$l_1$ | d .d, d : d .d ,d | d .,$s_1$ : $se_1$.$se_1$.$l_1$ | $f_1$.$f_1$, $f_1$ : $m_1$ ||

O ho hiriri haoriri rìthibho, O ho hiriri ha-o-ri ù.

RANN. D.C.

| d .,d : $l_1$ .,$s_1$ | $l_1$ .,d : d .,r ||

Chì mi 'm bàta stigh an caolas;

Ceathrar 'ga h-iomram 's aon 'ga taomadh;

Bean 'na deireadh 's i sìor chaoineadh;

Dh' fheòraich mi ciod è a b' aobhar;
Och nan och! is ceudan m' aobhair:
Mo thriùir mhac 'sa chuan gun fhaotainn;
'S mo thriùir bhràithrean taobh ri taobh riu;
'S fear an tighe: 's e bu daoire.
'S mis' a mhnaoi is truaigh 'san t-saoghal.
Cha 'n ioghnadh mi bhi bròn 's a' caoineadh.

## 6 HUG Ó LAITHILL OHORO.

GLEUS C. SEIS. *Le Mac Mhaighstir Alasdair.*

```
{: d' |m  : -  :r.m |s.,f : m : d' |m  : - : s |l  : l  |
{: m  |d  : -  :t,.d |t,.,t,: d : m |d  : - : m |f  : f  |
 Hùg   ó        laithill  ohoro,   Hùg  ó          ro 'n àill  leibh;

                                                      FINE.
{: d' |m  : -  :r.m |s.,f : m : d  |r  : m : s |l  : l  ||
{: m  |d  : -  :t,.d |t,.,t,: d : l, |s, : d : d |d  : d  ||
 Hùg   ó        laithill  ohoro,  Seinn o - ho - ro, 'n àill leibh.
```

RANN.

```
{:m'.,m' |m'.r' : - : d' |r' : r' :m'.,m' |m' : r' : d' |d'.r'.d': t |
{:s .,s  |s.se  : - : l  |s  : s  :s .,s  |s  : f  : m  |m .fe  : s |
 Moch 'sa mhaduinn  's mi  dùsgadh, 'S mòr mo shunnd 's mo cheol - gàir - e,

                                                                  D.C.
{:d'.,t |l  : l : d' |s  : m : r.d  |r  : m : s |l  : l  ||
{:m.,f  |f  : f : m  |m  : d : t,.d |t, : d : m |f  : f  ||
 Bho 'n a  chuala  mi 'm Prionnsa Thighinn do Dhùthaich Chlann Rànaill.
```

2 Gràinne-mullaich gach rìgh thu,
Slàn gu 'n till thusa, Theàrlaich;
'S ann tha 'n fhìor-fhuil gun truailleadh
Anns a' ghruaidh is mòr nàire.

3 Na 'n tigeadh tu rithis,
Bhiodh gach tighearn 'nan àite;
'S na'n càiricht' an crùn ort,
Bu mhùirneach do chàirdean.

4 Na 'm faighinn mo dhùrachd,
Bhiodh an Diùc air dhroch càradh;
Ach fallan gu 'n ruig thu;
Slàn gu 'n tig thusa, Theàrlaich.

# 7 O, TILL, A LEANNAIN!

GLEUS E. SEIS. *Le Eóghan Mac Colla.*

{: d | m : - : m | s.m : - : r | r : - : d | d : - }
{: d | $s_1$ : - : $s_1$ | $s_1$.$s_1$ : - : $f_1$ | $f_1$ : - : $m_1$ | $m_1$ : - }
O, till, a leannain; O, till, O, till!

{: d | s : - : s | l.d' : - : t | l : - : l | s : - }
{: $l_1$ | $t_1$ : - : $t_1$ | d.f : - : f | f : - : f | m : - }
O, till, a leannain; O, till, O, till!

{: s | l : t : l | s.m : - : s | d' :-. t : d' | l.s : - }
{: m | f : f : f | m.m : - : f | m :-. f : m | d.d : - }
Dean cabhag, a Mhaili, á dùthaich nan Gallach,

{: d | m :-. r : m | s.m : - : r | r : - : d | d : - ‖
{: $l_1$ | $s_1$ :-. $s_1$ : $s_1$ | $s_1$.$s_1$ : - : $f_1$ | $f_1$ : - : $m_1$ | $m_1$ : - ‖
No théid mi le aimheal do 'n chill, do 'n chill.

2 Bean òg nan sùl maothghorm, làn gràidh, làn gràidh;
Cha 'n ioghnadh 'ga h-ionndrainn, ged thà, ged thà;
Gleann Aora, glé mhiapaidh,
Fàs fàslachail, cianail;
Is dhòmhsa mar bhliadhna gach là, gach là.

3 Mar ghrian-ghathan earraich do 'n t-saoghal, do 'n t-saoghal,
Bha fàilte o 'm Mhaili dhomh féin, dhomh féin;
An rìgh greas an là ud
A chì mi, mar b' àbhaist,
An cala ciùin sàbhailt, mo ghaol, mo ghaol!

4 O, gu bhi 'gad fhaicinn, a rùin, a rùin,
Uair eile tighinn dachaidh do 'n Dùn, do 'n Dùn!
Bhiodh dùdlachd a' gheamhraidh
Leam féin mar an samhradh,
'S mo chridhe a' dannsadh le mùirn, le mùirn.

# BA HÓ, MO LEANABH.

GLEUS G. *Le Alasdair Dòmhnullach.*

: s, | d : - : m | s : r : r | m : - : r | d : -
: s, | m, : - : s, | t, : t, : t, | se, : - : se, | l, : -
Ba hó, mo leanabh, Ba hó, mo luaidh;

: m | f : - : l | s : m : m | r : d : m | r : -
: ta, | l, : - : d | d : d : s, | f, : fe, : s, | t, : -
Ba hó, mo phàisdean, Is àill - idh snuadh.

: m | f : - : l | s : m : f | m : d : r | d : -
: d | l, : - : d | d : d : l, | s, : - : f, | m, : -
Na tùr - sa mulad Bho dhriùchd mo ghruaidh,

: l, | s, : - : l, | d : d : s | m : - : r | d : - ||
: f, | m, : - : f, | f, : m, : t, | d : - : s, | m, : - ||
Tha m' innt - inn duilich Is m' ionndrainn uam.

2 Mo chridhe fo thruimead
Mar mhìle cuan,
'S mi caoidh 's a' tuireadh
Na caoimh nach gluais:
An t-ubhal ro mhiadhail
A spìon am bàs;
O, 's lom gu sìorruidh
Tha m' fhìon-lios àill.

3 Cha 'n ionndrainn thus'
An guth ciùin nach cual;
Ach 's cianail mise
'S mo mhiann gun tuar;
Is cianail, falamh
'S is crìon mo chrìdh';
Chaidh ghrian á m' shealladh
'S mi triall fo sgìos.

4 Tha 'n oidhche tighinn
Air a carbad neòil,
'S mo cheum-sa cuagach
Troimh chuairt a' cheò.
Cha till thu tuilleadh;
Cha till, cha till;
Cha till gu bràthach
Mo ghràdh o 'n chill.

# CUMHA NA H-ÒIGHE.

GLEUS G. *Le Calum Mac Phàrlain.*



2 Bha thu ciùin ; bha thu caomh ;
Bha gach dùil ort an gaol ;
B' i do bhathais mhalda, chaoin,
Mo ghràdh a dh' aom air tùs riut.
Thug thu barrachd ann am beus ;
Bha thu maiseach thar nan ceud ;
Bha do chruth gun mheang, gun bheud—
Is trom mo ghleus 'gad ionndrainn.

3 Chaidh tu as, reul nam buadh ;
Dh' fhàg thu 'n speur tuille's luath—
Neul a' bhàis, 's e sgar thu bhuam,
'S is tuathal, trom mo chùrsa.
Bha thu rium mar sholus iùil,
Rionnag dhealrach, seud mo shùl :
Tha mi nis mar long gun stiùir,
Gun phort a'm dhùil as t' ionnais.

4 Ach tha speur shuas air nèamh
Air nach gluais ceò no neul,
Iarmailt shoillseach 's àille sgèimh,
Is dèarrsaidh tu as ùr ann.
Dealraich thusa nuas a'm chrìdh',
'S treòraich mise chun na tìr
Anns an àill leam leat-sa bhi,
A choidhch', gun dìth, gun chùram.

## 10 AGUS O THÉID I.

GLEUS G. SEIS. *Le Iain Mac Leòid.*

FINE.

| : $s_1$ . $s_1$ | d : r | m : d | m : m.,r | d . $l_1$ : $l_1$, d .– | $s_1$ : r | m : d ‖ |
|---|---|---|---|---|---|---|
| : $s_1$ . $f_1$ | $m_1$ : $s_1$ | $s_1$ : $l_1$ | $se_1$ : $se_1$.,$se_1$ | $l_1$ . $f_1$ : $f_1$, $fe_1$.– | $s_1$ : $t_1$ | d : d ‖ |
| Agus | hó ró | théid i, | Hó ró | mo ghillean gramail, | Hó ró | théid i. |

RANN. D.C.

| $s_1$ : d | d : $t_1$ | r : d | d : $t_1$ | $l_1$ :–. $s_1$ | $s_1$ : d | m :–. r | r, d.– ‖ |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| $s_1$ : $l_1$ | $l_1$ : $se_1$ | $se_1$ : $l_1$ | $f_1$ : $f_1$ | $f_1$ :–. $m_1$ | $m_1$ : $s_1$ | $s_1$ :–. $f_1$ | $f_1$, $m_1$.– ‖ |
| Suidhibh | oirre, | fheara | ghaolach ; | Suas a' | bhirlinn | chaol | 'na deannaibh. |

2 Càireamaid ar guala rithe ;
Ar làmhan féin bheir fuasgladh dhuinne.

3 Còmhla, fheara, iomramaide ;
Fuaim an aona-mhaid' thig rithe.

4 Théid i mar an t-eun air iteig ;
Théid i mar am mìol-chu ruithteach.

5 Hùg so, fheara ! chì mi shuas ud
Fadadh-cruaidh : tha fuaradh-frois air.

6 'S ann an sin a thig i beò
'S a sheinneas i dhuinn crònan laghach.

7 Leumaidh i thar bhàrr nan stuadh
Mar eilid ruadh thar luachair mhonaidh.

8 Sgobadh dhi, is bìomaid dìleas ;
Daoin' air tìr is iad 'gar feitheamh.

9 Biodh e ac r'a ràdh ri chéile :
"Bhirlinn threun, gur math do ghabhail."

10 Théid i ged tha 'n sruth 'na chaoiribh
A' sìor-thaomadh nuas m' a claigeann.

11 Théid i ged a chìt' a' lasadh
Builgean-fala air ar basan.

GLEUS G. SEIS. *Le Niall Mac Leòid.*

| $s_1$ .,$l_1$ : d ,d .– | d ,d .– : d ,d .– | $l_1$ .,d : r ,r .– | r ,r .– : r ,r .– |
| $s_1$ .,$f_1$ : $m_1$,$m_1$.– | $f_1$ ,$f_1$.– : $m_1$, $m_1$.– | $s_1$ ., $s_1$ : $fe_1$,$fe_1$.– | $s_1$ , $s_1$.– : $t_1$ , $t_1$.– |

Tha tighinn fodham, fodham, fodham; Tha tighinn fodham, fodham, fodham;

FINE.

| d .,m : s .,s | s .s : s ,s .– | s .l : s .m | r : d ||
| d .,d : d .,d | f .f : m ,m.– | d .d : d .d | $t_1$ : d ||

Clann nan Gaidheal tha tighinn fodham; 'S foghainteach an euchdan.

RANN.

| $s_1$ .,$l_1$ : d .,r | d .$s_1$ : $s_1$ .,$l_1$ | $l_1$ .,r : r .,m | r .d : d., |
| $s_1$ .,$f_1$ : $m_1$.,$m_1$ | $m_1$.$m_1$ : $f_1$ .,$f_1$ | $f_1$ .,$fe_1$ : $fe_1$.,$s_1$ | $s_1$ .$l_1$ : d., |

Sìol nan sonn 's nan curaidhean Bha 'n tìr an fhraoich a' tuineachadh,

D.C.

,d | d .m : s .,s | s .s : s .,s | s .l : s .m | r : d ||
,$t_1$ | $l_1$ .$s_1$ : $t_1$ .,$t_1$ | d .d : m .,f | m .d : d .$s_1$ | $f_1$ : $m_1$ ||

A dhìon a cliù gu h-urramach, 'S nach fuilingeadh an eucoir.

2 An cliù 'san ùir sin mealamaid,
'S an t-saorsa 's daor a cheannaich iad;
'S a choidhch' a' strìth, gun fhannachadh,
A leantainn air an ceum-san.

3 Is ged tha 'n àl air tanachadh,
Is muir is tìr 'gan dealachadh,
Tha càirdeas blàth 'gan teannachadh,
Le carthannas nach tréig iad.

4 Cha dìobair iad am fearalachd,
No rìoghalachd an seanairean,
'S an gaol do thìr an athraichean,
Ged sgaradh iad o chéile.

5 Tìr chorrach, stùcach, ghleannanach,
Mu 'n tric na féidh 's an langanaich,
'S an ceò a' snìomh mu bearraidhean
'Na mheallan geal 'sa chéitean.

6 O, gu ma buan is maireannach
Bhios cliù nam fiùran caithreamach;
Is fhad's bhios grian is gealach ann,
Bidh aithris air an euchdan.

# C' ÀIT' AN CAIDIL AN RÌBHINN?

GLEUS F. SEIS.

```
{: d |m   :-  :m   |m   :s   :m  |r   :m   :r   |d   :-  }
{: d |s,  :-  :s,  |d   :t,  :d  |se, :se, :se, |l,  :-  }
  O, c' àit'   an     caidil    an   rìbhinn    an  nochd?
```

```
{: d  |d   :r   :d   |d   :m   :s  |l  :-  :-  |d'  :-  }
{: f, |m,  :f,  :f,  |m,  :s,  :d  |f  :-  :-  |m   :-  }
   O,  c' àit'   an     caidil    an rìbh  -   -    inn?
```

```
{: s |l   :-  :s   |d'  :-  :m  |s   :-  :m   |r   :-  }
{: m |f   :-  :m   |m   :-  :d  |d   :-  :d   |t,  :-  }
   O, far      an       caidil   luaidh     mo   chrìdh',
```

```
{: d   |d   :-  :l,  |s,  :-  :l,  |d   :-  :-  |d   :-  ||
{: ta, |l,  :-  :f,  |m,  :-  :f,  |f,  :-  :-  |m,  :-  ||
   Is truagh     nach  robh      mi  fhìn          ann.
```

1 Tha ghaoth a' séideadh oirnn o 'n deas,
'S tha mise deas gu seòladh;
'S na'n robh thu leam air bhàrr nan stuadh,
A luaidh, cha bhithinn brònach.

2 O, bha mi deas is bha mi tuath,
'S gu tric air chuairt 'sna h-Innsean;
Bean t' aogais riamh cha d' fhuair mi ann,
No samhladh do mo nìghneig.

3 'S ann ort féin a dh' fhàs a' ghruag
Tha bachlach, dualach, rìomhach:
Fiamh an òir is bòidhche snuadh,
'S e dol 'na dhuail 'sna cìrean.

4 'S e dh' iarrainn riochd na h-eala bhàin
A shnàmhas thar a' chaolais;
Is rachainn féin troimh thonnaibh breun
A chur an céill mo ghaoil duit.

5 Tha nis gach nì a réir mo dheòin,
Gach acfhuinn 's sèol mar dh' iarrainn;
'S gun mhaille théid mi air a tòir,
Is pòsaidh mi mo nìghneag.

GLEUS A. RANN.




Chunnaic mi seachad mu 'n taca so 'n dé
Duine mòr foghainteach, làidir, treun,
Le bhogha 's le shaighead,
Le sgiath is le chlaidheamh;
'S mòr m' eagal gu 'n tachair do mhàthair ris.

Thàlaidhinn thu, etc.

GLEUS F. SEIS. *Le Baintighearn D'Oyly.*

| d :-.d : d | d :-.r : m | $l_1$ : - : d | d : $l_1$ : $s_1$ |
| $l_1$ :-.$l_1$ : $l_1$ | $l_1$ :-.$se_1$ : $l_1$ | $f_1$ : - : $f_1$ | $f_1$ : $f_1$ : $m_1$ |
Thàinig an gille dubh 'n raoir do 'n bhaile so;

| s : - : s | s : - : m | l : - : s | m : r : m |
| d : - : $t_1$ | d : - : d | d : - : m | d : $t_1$ : d |
'S trom mo cheum o 'n thréig mo leannan mi;

FINE.
| d :-.d : d | d :-.r : m | $l_1$ : - : d | d : $l_1$ : $s_1$. ||
| $l_1$ :-.$l_1$ : $l_1$ | $l_1$ :-.$se_1$ : $l_1$ | $f_1$ : - : $f_1$ | $f_1$ : $f_1$ : $m_1$ ||
Thàinig an gille dubh 'n raoir do 'n bhaile so.

*Seinn mar so anns an t-seis mu dheireadh.*
| $l_1$ : - : $s_1$ | $l_1$ : d : d ||
| $f_1$ : - : $f_1$ | $f_1$ : $m_1$ : $m_1$ ||

RANN.
.s | s : l : m | s : - : s | l : s : m | s : - |
.m | m : f : d | f : - : m | f : m : d | $t_1$ : - |
Is mis' tha gu tinn le goirteas mo chinn;

D.C.
: l | d' :-.d' : d' | l : - : s | l : - : s | m : r : m ||
.f | m :-.m : m | f : - : m | d : - : $t_1$ | d : $se_1$ : $se_1$ ||
'S ged rachadh mi 'n chill, cha till mo leannan rium.

2 M' ulaidh 's mo ghràdh
Fear dubh agus bàn;
Cha 'n innis mi chàch
Gu bràth do ghealladh dhomh.

3 Is iomadh bean òg,
Le sìod agus sròl,
A chunntadh le deòin,
Mu chrò, crodh-bainne dhuit.

4 Is guirme do shùil
Na 'n dearcag fo 'n driùchd;
'S gur finealt do ghnùis
Na ùr-ros mheanganan.

5 Sealgair a' gheòidh
'S an lach air an lòn;
'S na 'm biodh i 'nad chòir
Gu 'n leòint' a' mhaigheach leat.

6 Stiùirich a' chuain,
Air bharraibh nan stuadh,
Ri latha fliuch, fuar—
Mo luaidh de fhearaibh thu!

7 Mo bheannachd a'd dhéigh,
Ma dh' fhàg thu mi féin;
Ach guidheamaid céile
Beusach, banail dhuit.

# 15 THÉID MI G'AD AMHARC.

GLEUS G. SEIS. *Le Iain Caimbeul.*

```
{: s, | d  :-.r  : d  | d.m  : - : s, | l,  : - : s, | s,  : - }
{: s, | s, :-.s, : s, | s,.s, : - : f, | f,  : - : m, | m,  : - }
   O,  théid  mi   g'ad  amharc;     O,   théid,     O,   théid;

{: s, | d  :-.r  : d  | r.m  : - : d  | r   : - : m  | s   : - }
{: m, | l, :-.l, : l, | s,.s, : - : s, | s,  : - : d  | d   : - }
   O'n fhuair mi  uait  gealladh      an   dé,        an   dé;

{: s  | l  :-.s  : s  | s  : m : d    | d   : - : l, | d   : - }
{: d  | d  :-.d  : d  | d  : d : d    | l,  : - : f, | f,  : - }
   Cha bhi   mi   na's   fhaide  leam  féin,      leam  féin,

{: t,.l, | s, :-.l, : s, | s,.s : - : m  | r  : m : r  | d   : - ||
{: f,    | f, :-.f, : f, | m,.s, : - : s, | s, : - : f, | m,  : - ||
   'S gu 'n dean sinn  e   daingeann   le   cléir,   le   cléir.
```

2 Is iomadh sean-fhleasgach,
Mo chreach, mo chreach,
Na 'n innseadh e 'n fhìrinn
Le dreach, le dreach,
Gu 'm b' fhèarr leis bhi sìnte
Gu h-ìosal a choidhch'
Na 'n saoghal a shiubhal
A rithis gun mhnaoi.

3 A' dìreadh a' bhruthaich
Le sgairt, le sgairt;
Cha saoil e gu bràth
Gu'm feum e taic;
Nuair ruigeas e'm mullach,
A' call a chas,
A nuas leis an leathad e
Car air a' char.

4 'San àireamh cha bhithinn
Le m' dheòin, a ghaoil;
Do làmh le do chridhe
Thoir dhòmhs' gu saor,
No gabhaidh tu 'n t-aireachas
Là nach saoil,
'S bidh mise gu math dheth,
'S té eile ri m' thaobh.

# AIR FAL AL AL Ó.

GLEUS A. SEIS. *Le Niall Ros.*

:m, | s, :l, :t, | d :- :d | m :- :d | d :t, :l, | s, :- :- | - :-
:m, | m, :f, :f, | m, :- :s, | s, :- :l, | l, :s, :f, | m, :- :- | - :-
Air fal al al ó hug ó air fal al al é,

: s, | l, :t, :d | r :- :m | s :- :f | m :r :m | d :- :- | - :-
:m, | f, :se, :l, | t, :- :d | t, :- :t, | d :s, :s, | m, :- :- | - :-
Air fal al al ó hug ó air fal al al é,

:d | r :m :f | s :- :s | l :s :f | m :r :m | d :- :- | - :r
:d | d :se, :l, | t, :- :d | d :- :t, | d :s, :se, | l, :- :- | - :se,
Air fal al al ó hug ó air fal al al é,

:m | f :s :f | m :- :r | m :- :d | d :t, :l, | s, :- :- | - :-
:se, | l, :l, :t, | d :- :s, | s, :- :m, | m, :m, :m, | m, :- :- | - :-
Fal ithill ho ró hug ó air fal al al é.

1 Air maduinn Di-màirt gu tràthail
Chaidh sinn air bòrd,
Air luing nan crann àrda
'S chàirich sinn rith' a cuid seòl;
An cois na tràigh bhàin
Bha 'r càirdean 's luchd-eòlais ri bròn;
Ach 's e fàgail mo ghràidh
A shàth an t-saighead a'm fheòil.

2 Is truagh nach robh m' òran
Glòirbhinn, innealta, fial,
'Sgu 'n siùbhladh an ceòl
Mar neòil gu ionadan cian,
A dh' innseadh cho beò 's cho teò
An dreòs tha 'nam chliabh,
A dh' fhadaich an òigh
Is bòidhche chunnacas riamh.

3 Ach có chuireas cainnt
Air loinn is maise mo rùin?
Tha lannair an daoimein
Fann an coimeas r'a sùil.
Bidh reultan na h-oidhche
Boillsgeach, soilleir, gun smùr,
Ach 's gile mo mhaighdean
Aoibhneach, aighearach, ùr.

4 Tha iomadach buaidh
Ri luaidh air ainnir mo ghràidh;
Tha foirfeachd a snuaidh,
Tha uaisle, oilean is bàigh;
Gus an caisgear an cuan
O bhualadh air gainnimh na tràigh,
Bidh m' aigne-sa buan
Do ghruagaich bharrail an àidh.

## 17 ORAN CHLOINN LACHLAINN.

GLEUS F. RANN.

| | | | |
|---|---|---|---|
| d . d | : d . d | d' ., t | : l . s |
| d . $t_1$ | : $l_1$ . $s_1$ | d ., f | : f . m |
| Latha | dhomh 's mi 'n | coill nan | dearcag, |

| | | | |
|---|---|---|---|
| s . s | : m . s | l,s,m | : r . d |
| m . m | : d . d | f,m,d | : $t_1$ . d |
| Feadh an | fhraoich ri | taobh an | aitinn. |

SEIS.

| | | | |
|---|---|---|---|
| d ., d | : s ., l | d ., $t_1$ | : $l_1$ ., $s_1$ |
| d ., d | : $t_1$ ., d | $l_1$ ., $f_1$ | : $f_1$ ., $m_1$ |
| Hóro | i 's hug | óirinn | óho, |

| | | | |
|---|---|---|---|
| d ., d | : s ., l | d ., r | : m . s |
| $l_1$ ., $l_1$ | : $t_1$ ., d | $l_1$ ., $se_1$ | : $s_1$ . $s_1$ |
| Hóro | i 's hug | óirinn | oho, |

| | | | |
|---|---|---|---|
| l.t,l | : s ., m | r ., r | : m , d .- |
| d.d,d | : $t_1$ ., d | $s_1$ ., $t_1$ | : d , d .- |
| Hiùraibhinn | ó 's thug | óirinn | oho. |

2 Feadh an fhraoich ri taobh an aitinn,
Buain nan cnò air bhàrr gach slataig.

3 Buain nan cnò air bhàrr gach slataig,
Chualas fùdar cluais 'ga lasadh.

4 'S dh' fhoighnich mi co rinn a' chaismeachd;

5 'S gur mi fhéin nach ruigeadh leas e:

6 Oigear uasal de Chloinn Lachlainn,

7 Dha math an tig an còta breacain,

8 'S féile cruinn de 'n bhreacan daithte,

9 'S boineid dhùbhghorm anns an fhasan,

10 'S osain ghèarr nach iarr an gartan;

11 Shiùbhlainn leat 'Ghleann-laoigh air astar;

12 Mar sud is dà thaobh Loch-arcaig.

GLEUS G. *Le Iain Mac-a'-Chléirich.*

: $s_1$ | d :-. $t_1$ | $l_1$ :-. $s_1$ | d :-. $s_1$ | $s_1$
: $s_1.f_1$ | $m_1$ :-. $f_1$ | $f_1$ :-. $f_1$ | $m_1$ :-. $m_1$ | $m_1$
Till dachaidh till, O, Àill - eag - an;

: m | s :-. s | l :-. s | d : - | -
: $s_1$ | d :-. d | d :-. d | $l_1$ : - | -
Thoir leat mo thàmh 's mo shuain;

: d | r :-. d | $l_1$ :-. $s_1$ | d :-. $l_1$ | $s_1$
: $l_1$ | $f_1$ :-. $f_1$ | $f_1$ :-. $f_1$ | $f_1$ :-. $f_1$ | $m_1$
Oir cha 'n 'eil aon diubh nis air sgeul

: f | m :-. m | r :-. d | r : - | -
: $l_1$ | $s_1$ :-. $s_1$ | $fe_1$ :-. $l_1$ | $s_1$ : - | -
O'n dh' fhalbh thu féin Di - luain;

: d | r :-. m | l :-. s | s :-. m | d
: d | $t_1$ :-. d | f :-. m | $t_1$ :-. $se_1$ | $l_1$
Ach thuit 'nan àit - e iarguin mhòr,

: s | s : f.m | f : l | s : - | -
: $t_1$ | $t_1$ : $t_1$ | $t_1$ : $t_1$ | d : - | -
Mar oidhch - e dhubh mu'n chruaich

: s | m : r | d :-. $l_1$ | d :-. $l_1$ | $s_1$
: d | $s_1$ :-. $s_1$ | $s_1$ :-. $f_1$ | $f_1$ :-. $f_1$ | $m_1$
Nach falbh a choidhch' mur till thu, chiall,

: f | m : r.d | $l_1$ :-. $t_1$ | d : - | - ‖
: $t_1$ | d : $se_1.l_1$ | $f_1$ :-. $f_1$ | $m_1$ : - | - ‖
Mar ghrian na maidne nuaidh.

*Deireadh na roinn mu dheireadh.*

: f | m : r.d | $l_1$ :-. $s_1$ | d : - | - ‖
: $t_1$ | d : $se_1.l_1$ | $f_1$ :-. $f_1$ | $m_1$ : - | - ‖

2 C'ar son a rinn thu falbh cho tràth,
Reul àillidh, fàth mo dhuain?
Till dachaidh, till, tha samhradh blàth
Air srath is àrd toirt buaidh;
Tha 'n uiseag bhras toirt as gu dàn
Gu sléibhtean bàna shuas,
'S 'gar gairm a rìs le òran gràidh
Gu mullach àrd Dhùin-chuaich.

3 Nuair thig thu falbhaidh sinn a rìs,
Mar anns an tim chaidh bhuainn,
A suas am frith-rath'd 'g éisdeachd strìth
Luchd ciùil nan teampull uain;
A nìos an gleann thig osag bhlàth
Le gàire bhàrr nan stuadh,
'S bheir àilleachd nàduir mosgladh mòr
Do dh' àros dorch nan smuain.

4 Is suidhidh sinn, O, Ailleagain,
Taobh aibhne bhlàith na fuaim;
Bidh 'm barrach òg 'na sgàile dhuinn,
'S gach nì 'nar làthair gun ghruaim;
Bidh grian an àidh a' dèarrsadh nuas
Troimh fhosgladh àrd 'san uair;
Sruth donn dol seach a' gàireachdaich
Air grinneal 's àillidh snuadh.

5 Cha labhair sinn an sin na's mò,
Le bròn, mu sgaradh cruaidh;
Ach fuadaichear gach smuain de 'n t-seòrs
Air falbh mar cheò nan cruach;
Is gus an tréig an ceòl an sruth,
'S an tréig a guth a' chuach,
Cha 'n fhaicear caochladh air ar gràdh,
Chaomh Ailleagain mo luaidh.

## 19 CEAD DEIREANNACH NAM BEANN.

GLEUS G. *Le Donnachadh Bàn.*

```
.s, | m .,m : r .,d | l,  : d .,l,  | s, .,l, : s, .s,  | m, .s, : s, .
.s, | s, .,s, : se,.,l, | f, : f, .,f, | m,.,m, : m, .m, | m, .f, : m, .
```
Bha mi 'n dé 'm Beinn Dòrain, 'S na còir cha robh mi aineolach;

```
.s, | m .,m : r .,d | l,  : d .,l,  | s, .,l, : d .m  | r .d : d .
.s, | s, .,s, : se,.,l, | f, : f, .,f, | m,.,m, : m, .s, | t, .d : d .
```
Chunnaic mi na gleanntan 'S na beanntannan a b'aithne dhomh.

```
.s, | d .,l, : s, .,l, | d  : d .,d  | l, .,s, : d .r  | m   : m .
.m, | m,.,m, : m,.,m,  | m, : m,.,f, | f, .,f, : l, .l, | se, : l, .
```
B'e sud an sealladh éibhinn Bhi 'g imeachd air na sléibhtean

```
.s | l .l : l .,s | m : r .,d     | r .r : m .,r          | d ,l, .-: l, .
.d | d .d : d .,d | d : se,.,l,   | se,. se, : se,., se,  | l, ,l, .-: l, .
```
Nuair bhiodh a' ghrian ag éirigh 'S a bhiodh na féidh 'san langanaich.

2 Is togarach a dh' fhalbhainn
Gu sealgaireachd nam bealaichean;
Dol moch a dhìreadh garbhlaich,
'S gu 'm b' anmoch tighinn gu baile mi;
An t-uisge glan 's an t-àile
Thar mullach nam beann àrda,
Gu 'n chuidich e gu fàs mi:
'S e rinn dhomh slàinte 's fallaineachd.

3 Fhuair mi greis de m' àrach
Air àirighean a b' aithne dhomh,
Ri cluiche 's mire 's mànran
An coibhneas blàth nan caileagan;
Bu chùis an aghaidh nàduir
Gu 'm maireadh sin an tràth-s ann;
'S e b' eiginn bhi 'gam fàgail
Nuair thàinig tràth dhuinn dealachadh.

4 Ged tha mo cheann air liathadh
'S mo chiabhagan air tanachadh,
Is tric a leig mi mial-chu
Ri fear fiadhaich, ceannardach;
Ged bu toigh leam riamh iad,
'S ged fhaicinn air an t-sliabh iad,
Cha téid mi nis g' an iarraidh
O 'n chaill mi trian na h-analach.

5 Soraidh leis na frìthean;
O, 's mìorbhuilteach na beannan iad;
Le biolair uaine 's fìor-uisg,
Deoch uasal fhìnealt, cheanalta;
Na blàran a tha prìseil,
'S na fàsaichean tha lìonmhor,
O, 's ait a leig mi dhìom iad:
Gu bràth mo mhìle beannachd leo.

## 20 OCHÒIN MO CHAILIN.

GLEUS G.




2 Gu 'n d' éirich mi mochthrath maduinn an dé,
'S gu'n ghèarr mi 'n earr-thalmhainn do bhrìgh mo sgéil,
An dùil gu 'm faicinn-sa rùn mo chléibh;
Ochòin! gu 'm facas, 's a cùlaibh rium féin.

3 Na 'm bitheadh sud agam, mo lùgh 's mo leum,
Mi 'm shuidhe aig bealach 's mo chù air éill,
Gu 'n deanainn-sa cogadh gu làidir, treun
Mu 'n leiginn mo leannan le fear tha fo 'n ghréin.

4 'S ann ormsa tha 'm mulad 's am fiabhrus mòr
O 'n chualas gu 'n deach thu le Brian òg ;
Mo chomunn cha dèan mi ri mnaoi 'san fheòil
O 'n rinn thu mo thréigsinn 's mi fhéin a bhi beò.

5 O ! cha 'n 'eil uiseag 'sna speuraibh àrd,
No eun anns an doire d' am b' eòl mo ghràdh,
Nach 'eil nis ri tuireadh a dh' oidhche 's a là,
O 'n chualas gu'n ghlacadh mo chailin air làimh.

## 21 RI TAOBH NA TRÀIGH.

GLEUS *Eb.* *Le Niall Mac Leòid.*

```
.f  | m .,r  : d .,m  | s .,f  : r .,d   | t, .s,  : l, .t,  | d  :-.
.s, | d .,t, : d .,d  | t, .,t, : t, .,l, | s, .f,  : f, .f,  | m  :-.
O,  nach robh agam    bothan beag An      so ri   taobh na    tràigh,

.r  | m .,f  : s .,l  | t .,d' : r' .,d'  | t .s    : l .fe   | s  :-.
.s, | d .,t, : t, .,d | r .,m  : f .,f    | f .f    : d .d    | t, :-.
Aig bonn nam beann fo sgàil nan creag, 'S gu'm faighinn fois is tàmh ;

.r  | m .,f  : s . s  | l .t   : d' .,m'  | r' .,d' : t .l     | s  :-.
.s, | d .,t, : d . d  | f .se  : l .,s    | s .,s   : f .f     | m  :-.
Cha 'n iarrainn ceòl ach eòin nam preas A' beadradh shuas le 'n àl ;

.f  | m .,r  : d .,m  | s .s,  : l, .,d   | t, .,d  : r .,m    | d  :-.  ||
.t, | d .,s, : s, .,s, | s, .s, : f, .,s, | s, .,s, : t, .,t,  | d  :-.  ||
Is guth nan tonn is fuaim nan eas Toirt freagraidh dhaibh le 'n gàir.
```

Sin laighinn sìos is dh' éirinn suas
Gu suaimhneach mar a b' àill,
Air m' ùrachadh le caochan cruaidh
An fhuarain fhallain, làin ;
Cha 'n fhaicinn fòirneartan an t-sluaigh
'S gach buaireas agus plàigh,
'S na mìltean deòiridh breòite truagh
Fo uallach throm an sàs.

Tha sàmhchair, neo-chiont agus sìth
Ag còmhnuidh 'n so a ghnàth,
Gun fhoill, gun fharmad is gun strìth
Aig dùil a th' ann a' tàmh ;
Tha 'n còmhdach glan, 's an lòn gun dìth,
No nì bho thràth gu tràth,
Iad beò gun lochd, 's an òran binn
An so ri taobh na tràigh.

Tha gàir na mara 's gaoth nam beann
Le 'm fuaim cho tiamhaidh, trom
Cho freagrach dhòmhsa aig an àm
'S do 'n ionndrainn tha 'nam chom ;
Cha 'n iarrainn lùchairt mu mo cheann,
Cha 'n iarrainn òr no fonn,
Na 'm faodainn fuireach shìos an gleann,
An éisdeachd guth nan tonn.

Tha cuid an tòir air stòr 's air maoin,
'Gan ruith bho 'm breith gu 'm bàs ;
Cha 'n fhaigh iad fois 's cha bhi iad saor
Ma chì iad sin aig càch ;
Thoir dhòmhsa sìth is gràdh is gaol
Aig taobh nan sruthan tlàth,
Mo bhothan beag fo sgàil nan craobh,
'S mo lios ri taobh na tràigh.

# NUNN DO MHUILE.

GLEUS B♭. *Le Iain Mac Lachlainn.*

| s :-. l | s : m | s :-. l | s : m |
| m :-. f | m : d | m :-. f | m : d |
Nis o'n chaidh an sgoth 'nà h-uidheam,

| r : d | d : m | s : - | s : |
| $t_1$ : d | d : d | $t_1$ : - | d : |
Suidheam air an ùr - lar;

| l :-. d' | l : s | l :-. d' | l : s |
| m :-. m | m : m | m :-. m | m : m |
Cuiribh òigear seòlta sgairteil

| d' :-. r' | m' : d' | l : - | l : ‖
| l :-. se | l : m | d : - | d : ‖
De Chloinn Airt g' a stiùr - adh;

| m' : s' | r' : m' | d' :-. r' | m' : d' |
| s : s | t : d' | l :-. l | se : l |
Nall am botul, lìon an cop - an,

| s :-. l | d' : m | s : - | s : |
| m :-. f | m : d | f : - | m : |
Ol - am - aid le dùr - achd

| l : l | d' : d' | r' :-. r' | m' : |
| f : f | m : m | s :-. s | se : |
Slàinte do gach creut - air bochd

:m'.r' | d' : l.s | d' :-. m | r : - | d : - ‖
: se | l : f | m :-. d | $t_1$ : - | d : - ‖
Tha'n diugh fo sprochd 'san dùth - aich.

2 Siùdaibh, 'illean; càiribh rithe;
Bithibh cridheil, sunndach;
Thugaibh làmh gu h-ealamh, dàn
Air cur an àird a siùil rithe;
Na biodh cùram oirbh, no eagal,
Seasamaid ar cùrsa;
Ruigidh sinn gu cala sàbhailt,
Ged is dàn an ionnsuidh.

3 Chaidh sinn seachad air a' Ghràtair
Ged a b' àrd a bhùirich;
Ged a bha Bun-dubh cho gàbhaidh
Ràinig sinn a nunn air;
Dol seachad Sòthaidh, Rì! bu mhòr
An crònan bh' aig na sùighean;
'S e mo ghràdh an stiùradh grinn,
Nach leigeadh mill g' ar n-ionnsuidh.

4 Nunn do Mhuile, nunn do Mhuile,
Nunn do Mhuile théid i;
Nunn do Mhuile air bàrr tuinne
Ged robh mhuir a' beucaich;

'S mi tha sunndach air a h-ùrlar
Air bàrr sùigh ag éirigh:
Mo ghràdh an iùbhrach làidir, dhùbailt
'S na fir lùthmhor, ghleusda.

## 23 AN T-EILEAN MUILEACH.

GLEUS A. *Le Dùghall Mac Phàil.*

.$s_1$ : $s_1$ .,$l_1$ | d : r .,d : $l_1$ .,$s_1$ | $s_1$ : $s_1$ .
.$m_1$ : $m_1$ .,$f_1$ | $m_1$ : $m_1$ .,$m_1$ : $f_1$ .,$m_1$ | $m_1$ : $m_1$ .
An t-Eilean Muileach, an t-eilean àdh - mhor,

.$s_1$ : $l_1$ .d | r : r .r : m .,m | r : d .
.$m_1$ : $f_1$ .$fe_1$ | $s_1$ : $t_1$ .$t_1$ : d .,d | $s_1$ : $m_1$ .
An t-eilean grianach mu 'n iath an sàil - e,

.d : s .,f | m : r .d : m .,r | d : $m_1$ .
.$l_1$ : $t_1$ .,$t_1$ | d : $se_1$ .$l_1$ : $s_1$ .,$s_1$ | $s_1$ : $m_1$ .
Eilean buadhmhor nam fuar-bheann àrd - a,

.$m_1$ : $s_1$ .,$s_1$ | $l_1$ : r .d : $l_1$ .,$s_1$ | $s_1$ : $s_1$ . ‖
.$m_1$ : $m_1$ .,$f_1$ | $f_1$ : $se_1$ .$l_1$ : $f_1$ .,$s_1$ | $f_1$ : $m_1$ . ‖
Nan coilltean uain - e 's nan cluaintean fàs - ail.

2 Ged tha mi 'm fhògarrach cian air m' aineol
'Sa Chaisteal-nuadh 'san taobh tuath de Shasunn,
Bidh tìr mo dhùthchais a' tighinn fainear dhomh:
An t-Eilean Muileach bu lurach beannaibh.

3 B' fhallan cùbhraidh 's bu réidh an t-àilean,
Le bhlàthan maoth-bhog bu chaoine fàileadh;
Bu ghlan na bruachan mu 'n d' fhuair mi m' àrach,
An Doire-chuilinn aig bun Beinn-bhàirneach.

4 Gheibhteadh 'n ruadh-chearc 'sna coilltean ìosal,
'S an coileach tùchanach dlùth 'ga brìodal;
'S ged bha na beanntan gun fhaing gun fhrìthean,
Bha daimh na cròice 'nan còrsaibh lìonmhor.

5 B' e 'n sòlas-inntinn leam a bhi 'g éisdeachd
Ri coisir bhinn-ghuthaich, ghrinn a' chéitein
A' seinn gu sunndach an dlùths nan geugan,
A' choill fo liath-dhealt 's a' ghrian ag éirigh.

6 Chlaon gach sòlas dhiubh sud mar bhruadar,
'S mar bhriseadh builgein air bhàrr nan stuadh-thonn;
Ach soraidh slán leis gach loinn is buaidh
A bh' air eilean àdhmhor nan àrd-bheann fuara.

# GUR TROM, TROM A TA MI.

GLEUS G Seis.

| | | | | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| . s, | d | ., d | : | r | ., m | d | | : | s, | . |
| . s, f, | m, | ., m, | : | s, | ., s, | m, | | : | m, | . |
| Gur | trom, | | | trom | a | ta | | | mi, | |

| | | | | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| . l, | d | . d | : | s | ., f | m | . d | : | d | . |
| . f, | m, | . m, | : | t, | ., t, | se, | . l, | : | l, | . |
| Gur | trom | a | | dh' fhàg | an | t - | earrach | | mi ; | |

| | | | | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| . r | m | , m .- | : | m | . s | l, | | : | d | . |
| . t, | d | , d .- | : | s, | . s, | f, | | : | m, | . |
| Is | truime 'n | | | diugh | na 'n | dé | | | mi | |

| | | | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| . r | m | . m | : | r | ., d | l, | . s, | : | s, |
| . s, | s, | . s, | : | s, | ., s, | f, | . f, | : | m, |
| O 'n | tha | cul | - | déigh | mo | leannain | | | rium. |

1 Tha 'n long a nis air seòladh,
'S cha tig i chòir an fhearainn so ;
Gu 'm bheil mo leannan féin oirr',
'S gur truagh as déigh an sgaraidh mi.

2 Cha'n 'eil feachd 'san dùthaich
Nach dùraiginn mo bheannachd leo,
Ach cuideachd an Diùc Ghòrdain
A dh' fhògair uam mo leannan-sa.

3 Tha ìslean agus uaislean
An grunnd a' chuain gun charachadh,
'S mo leannan, fear chùl-dualaich,
'Ga bhualadh ris na stallachan.

4 Tha mi gun mhac, gun bhràthair
Ni còmhradh blàth no cathrannach ;
Mar chraoibh an déigh a rùsgadh
Gun snothach cùbhr', gun mheangan oirr'

5 Sguiridh mi 'gad iarraidh
'S 'gad iasgach air na cladaichean ;
An t-iasg nach téid a'm lìon-sa,
'S e sgeula fìor nach fhaigh mi e.

## 25 I HU O, LEIGINN.

GLEUS G. RANN.




LIBRARY
17 JUL 1978
UNIVERSITY OF TORONTO

2 M' eudail féin an t-aghan caisfhionn,
Chuirinn buarach air a chasan;
Chuirinn buarach air a chasan:
Buarach shìoda thig á Sasunn.

3 Chi mi grìsfhionn tighinn air fàire
Leis a' mheanbh-bhric tha m' a bràghad;
Ri! gur ro-mhath 'thogail àil i;
Ceannard buaile suas thar càch i.

4 M' eudail ise 'chrodh na tìre;
Bheir i dhomhs' am bainne prìseil;
Bheir i dhomhs' am bainne prìseil;
'S mur a toir is mòr g' am dhìth e.

5 Nàile! sud am bainne prìseil,
Bainn' o chaisfhionn, bainn' o ghrìsfhionn
Ni mi càis dheth, nì mi ìm dheth
Nach bi coimeas riu 'san sgìre.

6 Anns na linntean mu 'n robh fìon ann,
Uisge-beatha, leann no *tea* ann,
Dé chuir slàinte 's neart 'nar sìnnsear?
Bainn' o chaisfhionn, bainn' o ghrìsfhionn!

Companion Booklet to the Mavis

Price 3d.

# AM BRÙ-DHEARG

## (THE ROBIN)

CONTENTS


Fhleasgaich is Cuimire.
Oran nan Croitearan Gaidhealach.
Mi Fhìn is Màiri.
Mon-Altraidh.
Cumba an T-Seana Ghaidheil.
A Dhòmhnuill Bhig.
Dh' Éirich mi Moch Maduinn Cheòthar.
Horo hì Hoireannàn.
Soraidh Slàn le Fionnairigh.
Dh' Fhalbh mo Leannan Féin.
Is Fada mi M'Ònaran.
'S Daor a Cheannaich mi 'n T-Iasgach.
Seinn och ho ró Seinn.
'S Olc an Là Fhuair M' Eudail.
Tha 'n dìl air an Athar.
Moch Di-Luain Ghabh I 'n Cuan.
Mo Chaol-Mhala Dhubh.
Cumha nan Iasgairean.
Am Fraoch.
Oran Dealachaidh.
Air Faire dal O.
Oidhche Mhath Leibh,
'S e Nis an T-Am.
Cainnt ar Duthcha.
An Teid Thu Leam a Rìghinn Og.
Màiri Bhaile-Chro.
Mo Nighean Donn.

# ·THE·MAVIS·



EDITED·BY
MALCOLM · MAC · FARLA

MUSIC·BY·
C·H·MACKAY·

ENEAS·MACKAY
STIRLING

PLEASE DO NOT REMOVE
CARDS OR SLIPS FROM THIS POCKET

UNIVERSITY OF TORONTO LIBRARY

M
1746
M25
S53
1913

Music